



6. a.

H.M. 309.




EX · LIBRIS

HEW · MORRISON







MARTYRDOM OF JOHN BROWN.

BÀS
IAIN 'IC-ILLE-DHUINN,
CHNUIC-AN-T-SAGAIRT,
AIR SON A' CHREIDIMH.

'S A' BHLIADHNA MDCLXXXV.

Gu a Mhìneachadh do 'n Òigridh e' air son a
tha Ministeirean na h-Eaglais Saoire air
Fàgail na h-Eaglais Suidhichte.

~~~~~  
“ Agus chunnaic mi fuidh 'n altair, anama na  
muinntir sin a mharbhadh air son focail Dhé, agus  
air son na fianuis a chum iad.”—TAISB. vi. 9.

EADAR-THEANGAICHTE O 'N BHEURLA.

DUN-ÉIDIN:

CLÒDH-BHUAILTE, AGUS AIR AN REICEADH LE,  
W. P. KENNEDY, 15 ST ANDREW STREET.

AGUS LE

DONNCHADH MACBHEATHAIN, AN GLASCHO.

MDCCCXLVI.







X  
BÀS

IAIN 'IC-ILLE-DHUINN,

CHNUIC-AN-T-SAGAIRT,

AIR SON A' CHREIDIMH.

MDCLXXXV.

EADAR-THEANGAICHTE O 'N BHEURLA,

LE

M. MAC-AOIDH, LL.D.

MINISTEIR NA H-EAGLAIS SAOIRE, AN DUN-OITHIN.

~~~~~  
" Co iad sin a ta air an sgeadachadh le trusganaibh fada geala? Agus cia as a thàinig iad?—Is iad so iadsan a thàinig á h-àmhghar mòr; agus nigh iad an trusgain, agus rinn iad geal iad ann am fuil an Uain." —TAISB. vii. 13, 14.
~~~~~

DUN-ÉIDIN:

CLÒDH-BHUAILTE, AGUS AIR AN REICEADH LE,

W. P. KENNEDY, 15 ST ANDREW STREET.

AGUS LE

DONNCHAPH MACBHEATHAIN, AN GLASCHO.

MDCCCLVI.

THA AN LEABHRAN SO

AIR A CHUR

A CHUM ÒIGRIDH NAN SGOILEAN-SABAID,

AIR GHÀIDHEALTACHD;

LE CAOMH-DHÙRACHD,

O

FHEAR-TEAGAISG SGOIL'-SHÀBAID

AIR GHALLDACHD.



LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION

## BÀS IAIN 'IC-ILLE-DHUINN,

CHNUIC-AN-T-SAGAIRT,

AIR SON A' CHREIDIMH.

---

CHA 'n 'eil ach mu Ochd fichead bliadhna o bha amanna fuilteach ann an Alba. Bha ministeirean agus pobull Chrìosd air an geur-leannhuinn gu goirt le daoineibh ain-diadhaidh, ain-ìochdmhor. Chaidh mòran a mharbhadh 's a mhortadh, air na monaidhibh farsuing, loma, air son focail Dhé, agus na fianuis a thog iad. Tha sinn a' dol a thoirt sgeula beag, ro-mhuladach do 'n òigridh leis an leughar e, mu dhuine diadhaidh 's na làithibh ud, a fhuair am bàs air son a' chreidimh; agus a tha a nis a measg na Cuideachd glòrmhoire sin, a tha ag imeachd 'n an culaidhibh geala air sràidibh an Ierusalem Nuaidh, a' seinn "òrain Mhaois agus an Uain." Is' e a b' ainm do 'n duine so, IAIN BRUN, —no gu a' Ghaelig a chur air a shloinneadh —IAIN MAC-'ILLE-DHUINN. Bha a chòmhnuidh aige ann an àite d' an ainm *Cnoc-*

*an-t-Sagairt*, ann an Siorramachd Àra, mu dheas o bhaile mòr Ghlascho. B' i a chèaird, e bhi ri giùlan ghoireasan o 'n bhaile mhòr do 'n dùthaich, agus as an dùthaich do 'n bhaile mhòr. Cha robh, an uair ud, na ròidean mòra ach garbh; agus cha robh eich is cairtean ach ainneamh r' am faicinn air feadh na dùthcha. 'S ann a bha na h-eich le cléibh is srathair, a' giùlan gach bathar agus goireas as na bailtibh mòra do 'n dùthaich. Is ann mar so a bha Iain Mac-'Ille-Dhuinn a' deanamh, le a chuid each. Bu duine Iain anns an robh eagal an Tighearn. Bha fhios so aig an t-sluagh timchioll far an robh e, agus fhuair iad e co dìleas, ionraic 'n an gnothuichibh a b' àbhaist dhoibh earbsadh ris, ann an rathad reic is ceannach, 's gur h-e an "*Carrier*" Criosduidh a b' àbhaist dhoibh a ràdh ris.

Beagan bhliadhnachan roimh 'n àm ud, bha ministirean dìleas Eaglais na h-Alba air am fògradh a mach as an Eaglaisibh, tre fhòirneart an Rìgh ain-ìochdmhoir bha an uair sin air an rìgh-chaithir. Cha cheadaicheadh an Rìgh ud dhoibh aoradh a dheanamh do Dhia 's an dòigh a theagaisg am Bìoball doibh. Bha na ministirean ud chaidh a chur a mach, air an sgapadh thall 's a bhos air feadh na dùthcha; agus b' àbhaist doibh bhi a' searmonachadh do 'n t-sluagh air slìos nam beann agus air a' mhonadh lom. Agus is ann o am bilibh-san a chuala Iain Mac-'Ille-Dhuinn, air tùs, na briathran a chaidh a bheannachadh dha leis an Spiorad Naomh, gus

au robh e air 'iompachadh. Agus mar thachras dhoibh-san uile a dh' fhairich am feum féin air Fear-Saoraidh, bha Iain Mac-'Ille-Dhuinn gu h-eudmhor ag iarraidh maith a dheanamh do anamaibh eile. B' àbhaist da gach balachan agus nìonag bheag timchioll, a chruinneachadh a stigh d' a thigh féin ann an Cnoc-an-t-sagairt air feasgaraibh geamhraidh : shuidheadh iad timchioll an teine, agus theagaisgeadh Iain as a' Bhìoball iad, ag iarraidh gu dùrachdach gu 'n biodh iad air an tarruing a dh' ionnsuidh Chrìosd. Agus air feasgaraibh blàth, grianach, an t-samhraidh, bhiodh iad a' coinneachadh ann am mainnir chaorach, a bha air an t-sliabh am fagus do 'n tigh. Tha mi a' creidsinn, 'n uair chith-eadh Iain diadhaidh an treud bheag so 'n an snidhe air an fhraoch timchioll air, gur tric a chuimhnichheadh so dha am Buachaille maith, a thug a bheatha féin air son nan caorach; a thionailas na h-uain 'n a ghàirdeanaibh agus a ghiùlaineas iad 'n a uchd. Agus 's i so a' cheud Sgoil Shàbaid an Alba mu 'm bheil iomradh againn. Agus O, dh' iarrainn féin bhi an dòchas gu 'm bheil a nis, gach sgoilear beag, agus gach ban-sgoilear bheag bha an sud, dìreach far am bheil Iain féin,—ann an glòir!

An déigh do Iain Mac-'Ille-Dhuinn, bhi ceithir bliadhna 'n a fhear pòsda, thug am bàs bean a ghràidh air falbh uaithe. Bha nigheanag bheag aca, Seònaid, a bha mu thrì bliadhna a dh' aois, 'n uair a chaochail a màthair. Bha Seònaid bheag ro-mhùirneach aig a h-athair;

agus cha bu lugha, tha mi cinnteach a ghràdh dhi a nis, agus i gun mhàthair.

Mu dhà bhliadhna an déigh do Sheònaid bheag a bhi gun mhàthair aice, phòs a h-athair Iseabal '*Nic-an-Aoidheir*, boirionnach òg á Sgìreachd *Shorunn*, dlùth dhoibh. Bha Iseabal so 'n a boirionnach aoidheil, caoimhneil; ach bha ni eile bu mhò maise na sin, agus bu luachmhoire le Iain caomh,—bu leanabh le Dia i—bha i 'n a boirionnach diadhaidh; bha a gràdh domhinisteiribh dìleas Chrìosd a bha air an geur-leanmhuinn's na làithibh fuilteach ud. Mu 'n àm sin, bha iomadh duine diadhaidh araon a measg mhinistirean agus phobuill aig an deachaidh am fuil a dhòrtadh, air son nach tréigeadh iad Crìosd. Bu tric a labhair Iain agus Iseabal mu 'n ghnòthuch chruaidh, mhuladach sin; agus bhiodh iad le chèile ri caoidh air son fhulangasan Eaglais na h-Alba. Mar bha na h-Iùdhaich o chian, 'n uair shuidh iad “aig sruthaibh coimheach Bhabiloin,” ghuil iad 'n uair chuimhnich iad air Sìon. Bha iad aon là, roimh dhoibh bhi pòsda, agus ars Iain ri Iseabail.—Tha ni-eigin ag innseadh dhomh, 'n am inntinn, gu 'm bi agam-sa uair-eigin, agus sin gun e bhi fad as, mo bheatha a leigeil sìos anns an aobhar naomha so. “Na smuainich ormsa,” ars am boirionnach dìleas, “ni mise m' oidhirp bhi 'n am chomhfhurtachd dhuit, eadar gur h-ann ann am beatha no ann am bàs. Gheall an Tighearn gu 'n tugadh e gràs dhomh-sa; agus bheir e dhuitse oighreachd na glòire.”

A' mhaduinn an déigh do Iseabal tighinn dachaidh do *Chnoc-an-t-sagairt*, bha i 'n a suidhe leatha féin an ceann shuas an tighe; agus 's ann a chual' i neach-éigin a' togail clàimhean an doruis; agus co bha an sud, ach Seònaid bheag, a' cur a cinn gu sgàthach a stigh; agus i ag ràdh — “Tha iad ag innseadh dhomh gu 'm bheil sibhse gu bhi 'n ur màthair dhomh.” “Mo ghràdh ort féin” ars Iseabal gu caoimhneil rithe; “agus ciod na 'm bithinn do rìreadh 'n am mhàthair dhuit.” “O, cha 'n 'eil, ni 's am bith,” ars Seònaid bheag, — “'ach 's ann a smuainich mi, ma tha sibh gu bhi 'n ur màthair dhomh, gu 'm bu mhaith leam tighinn a stigh làimh ribh, tiota beag.” “Tha mi 'n dùil, mo leanabh,” ars Iseabal, “gu 'm bi mi 'n am mhàthair dhuit; agus gu 'n toir an Tighearn gràs dhomh gu d' stiùireadh mar bu chòir dhomh; agus gu 'm bi thusa 'n ad shòlas do t' athair agus dhomh-sa.”

Fad na bliadhna an déigh sin bha an teaghlach an *Cnoc-an-t-sagairt* a' tighinn beò gu sona, soitheamh, an comunn a chéile. Bha Iain agus Iseabal 'n am beannachd d' a chéile; agus bha Seònaid bheag 'n a comh-fhurtachd nach bu bheag dhoibh. Ma dhùbhradh an fheasgair, rachadh Seònaid bheag a mach mu 'n dorus, 'n uair bhiodh a h-athair o 'n bhaile, a dh' fhaicinn an robh e a' tighinn; agus 'n uair chitheadh i e féin agus an t-each a' tighinn thar an uchdaich, ruitheadh i a stigh a dh' innseadh do Iseabail gu 'n robh e a' tighinn; agus chuidicheadh i gu

am faigheadh iad a dhinneir a bhi deas air chionn da tighinn a stigh : sguabadh i an t-urlar gu bòidheach, glan ; agus bhiodh uisge blàth aice deas, leis an ionnlaideadh i casan a h-athar, 'n uair thigeadh e a stigh agus e sgèth le a thurus. Ach O, bu bheag fios aca, an uair sin, cia co goirid an t-àm gus an robh a' chòmhnuidh shona sin gu bhi air a deanamh fàs dhoibh : cia co goirid an ùine—an t-ionad a dh' aithnich Iain co fhada, nach biodh tuilleadh aithne aig' air am feasd !—no cia goirid an ùine, gus am biodh a chuid cloinne (oir a nis bha bràthair beag aig Seònaid) air am fàgail 'n an dilleachdain, agus a bhean-phòsda 'n a bantraich !

Thàinig a' gheur-leanmhuinn gu bhi ni bu truime, agus ni bu truime. Bha saighdearan fuilteach, a' marcachd air eachaibh, a' siubhal na dùthcha sìos agus a suas, gun sgar. Agus ge b' e àit anns an tachradh iad air neach 's am bith do thrend sgapta Chrìosd, bha iad a' cur na h-urchair annta 's 'g am fàgail marbh ; mur h-àicheadhadh iad Crìosd, agus mur tréigeadh iad 'aobhar-san. B' éigin a nis do Iain a chèaird àbhaiseach a thoirt thairis ; cha robh an rathad mòr tèaruinte dha ; agus is iomadh uair a b' éigin da teicheadh, agus am monadh a thoirt air, maille ri a luchd-eòlais diadhaidh, gu faotainn as o chorruich agus o naimhdeas nan daoine brùideil, a bha air thart air son an cuid fola. Agus is iomadh oidhche gheamhraidh, fuidh 'n fhuachd reòite, dh'fheudadh tu guth na h-ùrnuigh agus nan salm a chluinntinn a measg

nam beann, o na dìobaraichibh bochda sin, air an sealg, agus iad sgìth, leònta; ach, gidheadh bha iad a' cur suas an gearan ri Dia an slàinte, agus a' toirt molaidh dha, eadhon 'n am fulangasaibh cruaidhe. Mar bha an dream mu 'm bheil sinn a' leughadh 's an litir a chum nan Eabhruidheach, 's a' cheud chaibidil deug, "Chaidh iad mu 'n cuairt 'n am fògaraich, ann an uireasbhuidh, ann an trioblaidibh, ann an cràdh;—a' dol air seacharan ann am fàsaichibh, agus air sléibhtibh, agus ann an uamhaibh agus ann an slochdaibh na talmhainn." Ach ann am meadhon an trioblaidean bu ghéire, bha fios aig an trend bheag ud, gu 'm b' e an Tighearn am buachaille; agus is iomadh uair, bha a leithid do mhothachadh aca air gràdh Chrìosd, 'n an crìdh;—dh' aithnich iad air mhodh co soilleir, Dia bhi ann an sìth riutha tre fhuil an Tighearn Iosa, gu 'n robh na h-ionadan aonaranach ud far an robh iad cruinn, a measg nam beann, mar *Bheteil*, agus iad comasach a ràdh, mar thubhairt Iacob, "Is e so geata nan nèamh."

A measg nan daoine bha aig an àm ud gnìomhach ann an geur-leanmhuinn luchd-aideachaidh Chrìosd, agus g' an cur gu bàs, cha robh duine bu bhuirbe, 's bu mhi-thlusaile, na 'n Greumach dubh, fuilteach, *Clèabhars*. Anmoch 's an fheasgar, air an là mu dheireadh do mhios deireannach an earraich 's a' bhliadhna 1685, ràinig *Clèabhars* agus a chuid marc-shluaigh cogaidh baile *Liosmaheugamh*. Cha robh so ach astar goirid o *Chnoc-an-t-Sagairt*. Dh' innis neach-

éigin do *Chlàabhars* an sin, mu 'n duine dhiadh-aidh agus dhileas, Iain Mac-'Ille-Dhuinn ; agus mu shèa uairibh air an ath mhaduinn, bha *Clàabhars* air an each dhubh, agns cuideachd d' a shaighdearaibh maille ris, air an cuid each, dlùth air tigh *Chnuic-an-t-Sagairt*.

B' i a' cheud mhaduinn i do 'n mhìos Mhàidh. Bha a' ghrian air éirigh gu dealrach : bha am fear 's am fraoch, agus na sobhragan buidhe, cùbhraidh fuidh drùchd an òg-shamhraidh. Bha na h-eòin bheaga ri dùrdan gu h-aoibhinn a measg nam preas ; agus an uiseag le a ceileirean a' dìreadh na h-iarmailt. Bha na h-uile ni timchioll mu thigh *Chnuic-an-t-sagairt*, sìoth-chail, sàmhach, gun ghluasad ; agus an cruthachadh nàdurra, mar ri h-aoibhneas gu 'n robh an samhradh air tighinn a rìs. Bha Iain air éirigh, mar b' àbhaist dha, mu 'n chamhanaich ; agus chruinnich an teaghlach a chum aoraidh Dhé. Sheinn iad na cùig rainn aig toiseach an t-seachdaimh Saim thar fichead ;—salm d' an d' thug Iain mòran gràidh ; oir b' iomadh uair a thug nabriathran ud comhfhurtachd d' a anam-sa, agus d' a cho-luchd-fulangais, agus iad air faon-tradh rè na h-oidhche duirche a measg nam beann. Leugh iad an Sèathamh Caibidil deug do 'n t-Soisgeul a réir Eoin, a tha co làn do gheallanaibh prìseil do chloinn Dhé, ann an amannaibh mulaid. An déigh do 'n aoradh teaghlaich bhi seachad, dh' fhalbh Iain a mach, agus e a' dol a bhuain mòine. Bha e a' buain na mòine, agus e leis féin : 'n uair a bhuaill

*Clèabhars* agus a chuid trùpairean, agus an cuid each 'n an deann aca, sìos am bruthach : dhùin iad a stigh timchioll an duine : cha robh dòigh teasairginn dha : agns ghiùlain iad leo chum an tighe e.

Bha Sèonaid bheag ri a sùgradh beag féin timchioll nan dorsan : ruith i a stigh, agus ghlaodh i ri a màthair, gu 'n robh buidheann mhòr shaighdear a' tighinn a nuas chum an tighe, agus a h-athair aca, 'g a tharruing leotha. Air a' cheud bheum, 's ann a mheathaich cridhe Iseabail 'n a h-uchd ! Ach ghlac i misneach ; agus ghlaodh i, “ An ni roimh an robh eagal orm, tha e air tighinn *orm* a nis,—O Thighearna, thoir gràs dhomh mu choinneamh na h-uaire so.” An sin, rug i air a leanaban, as a' chreathail far an robh e ; phaisg i 'n a breacan e ; ghlac i Seònaid bheag air làimh, agus ruith i a mach, a cridhe trom-bhuailte, ach i ri h-ùrnuigh. Dh'fhalbh i an coinneamh nan saighdear ; ach, mu 'n d' fhuair i ach dol a mach, bha iad timchioll an tighe, agus a fear-pòsda gràidh aca an sàs.

An sin, chuir *Clèabhars* a' cheist ri Iain,—An tréig thu do choimh-cheangal ri Crìosd, agus an téid thu do 'n Eaglais, a dh' éisdeachd a' mhinisteir Shasunnaich, an duine tha an Rìgh air cur a stigh ?

Fhreagair Iain gu ciùin, gu 'm bitheadh e dìleas do Chrìosd : gu 'm b' e Crìosd a mhàin Ceann agus Rìgh na h-Eaglais : nach d'thug am Bìoball còir 's am bith do 'n mhinisteir

Shasunnach ud bhi 'n a mhinisteir; nach d' rinneadh 'n a mhinisteir e a réir riaghailtean Chrìosd d' a Eaglais féin; ach a mhàin le Rìgh Pàpanach, ain-diadhaidh; agus nach b' urrainn dha-san, uime sin, dol d' a éisdeachd; agus nach b' urrainn da beannachd an Tighearn a thagradh air slighibh peacach an Rìgh. An sin, ghlaodh *Clèabhars* a macr, le guth mar fhiadh-bheathach 'n a cheann—"Gu t' ùrnuigh thu, ma ta; oir bàsaichidh tu air a' cheart mhionaid so!" Ghlaodh *Clèabhars* so, le a leithid do ghuth borb, 's gu 'n d' thug e crith, eadhon air na saighdearaibh féin.

Bha Ian Mac-'Ille-Dhuinn "a nis gu bhi air 'ìobradh, agus bha àm a shiubhail am fagus." Chaidh e sìos air a ghlùinibh, gu làr, agus dhòirt e a mach athchuingean 'anama ri Dia; a' guidh-eadh gu 'm faigheadh e gràs a chum na h-naire eagalaich so; agus thiomain e a bhean, agus a chlann gun chòmhaidh air a chùram-san a 's e Athair nan dilleachdan agus Breitheamh na bantraich. Cha b' urrainn da *Chlèabhars* dubh giùlan leis an ùrnuigh a bha aig Iain: a rìs agus a rìs, bhris e a stigh air Iain le a theangaidh thoibheumaich. Dh'éirich Iain o a ghlùinibh, agus a' tionndadh gu muladach an rathad a bha a bhean,—ars esan,—“Iseabal, is e an diugh an latha mu 'n d' innis mi dhuit roimh dhuinn a bhi pòda. Tha mise a nis air mo ghairm chum làthaireachd na cùirte a tha air nèamh, mar fhianuis ann an aobhar m' Fhir-saoraidh, an aghaidh Fhir-riaghlaidh na h-Alba. O, a bhean,

am bheil thu toileach gu 'm fàgainn thu?" B' àm uamhasach so do Iseabail,—ach bha gràs an Tighearn foghainteach air a son. Bu mhòr a gràdh d' a fear-pòsda; ach bha am barrachd gràidh aice, gidheadh do Chrìosd; agus fhreagair i, le guth ciùin, mìn, daingean,—“Tha! le m' uile chridhe, tha mi réidh ris,—ri a thoil-san.” “Ma ta,” ars Iain, “is e sin na tha uam; O! a bhàis, c' àit am bheil do ghath? O! uaigh, c' àit am bheil do bhuaidh?” Chuir e a ghàirdeana mu mhuineal a mhnà, agus phòg e gu caomh i féin agus maotharan a cìche, a bha aice 'n a h-uchd. Thionndaidh e an sin ri Seònaid bheag, agus i 'n a seasamh làimh ris, agus a h-anail ri ospagaich 'n a h-uchd. Ghabh e a stigh i 'n a ghàirdeinibh, dh' fhàisg e gu fòil an leanabh r' a uchd, phòg e i; agus ars esan, “Mo leanabh gràdhach! thoir do làmh do 'n Tighearn mar t' fhear-iùil; agus bi 'n ad chomhfhurtachd do d' mhàthair bhochd.” Lìon a chridhe; thàinig na deòir 'n a shùilibh: cha b' urrainn da tuilleadh a labhairt. Ach bha Dia maille ris chum na crìche: agus mu dheireadh, thubhairt e,—“Gu ma beannaicht' thusa, a Spioraid Naoimh, a tha a' labhairt am barrachd sòlais ri mo chridhe, na is urrainn guth mo naimhdean a labhairt do eagal ri m' chluasaibh!” Agus mu 'n robh na briathran mu dheireadh ach ganu as a bheul, thug *Clèabhars* am focal do na saighdearaibh,—Loisgibh! 'S ann a stad na saighdearan tiota, agus an cridheachan air leaghadh leis na chunnaic iad. Bhuail oillt air *Clèabhars*, gu 'n diùltadh iad; agus gur h-ann

a dh'fheudadh iad tionndadh 'n a aghaidh féin: theum e air daga a bha ri a chrìos, agus loisg e, le a làimh féin. Thuit corp an duine dhiadhaidh ud marbh air an fhraoch; agus chaidh 'anam thairis gu glòir.

Thionndaidh na saighdearan le gràin air falbh o 'n t-sealladh uamhasach. Ach 's ann a thionndaidh an Ceannard, *Clèabhars*, ris a' mhnaoi, a bha a nis 'n a bantraich, agus le gàire mìthalmhaidh, ifrinneil—ars esan—“A bhean, ciod i do bharail a nis air t' fhear-pòsda? O! ars ise, “Bu mhòr mo bharail riamh air: agus is ann is mò a nis mo bharail dheth na riamh roimhe!” “Cha bu mhò na 'n ceartas,” ars *Clèabhars*, “gu 'n leagainn thu féin a sìos ri a thaobh!” “Na 'n ceadaicheadh Dia sin *dhuìt*,” ars ise; “tha mi a' creidsinn, gu 'n ruigeadh do chruas féin air a' ghnìomh; ach cionnus a fhreagras tu air son gnìomh' an là an diugh?” Is e am freagairt a thug am fear-toibheim borbnd,—“Is *urrainn* domh freagradh a thoirt do dhuine,”—“agus, air son Dhé—gabhadh mi Dia, 'n am làmbaibh féin.” Chuir e na spuirean ris an each dhubh; agus mharcaich e 'n a dheannruith, air falbh as an t-sealladh. Thionndaidh Iscabal bhochd a nis, ri corp marbh a companaich, agus e a' sìleadh na fola, sìnte 's an fhraoch. Chaidh am peileir troimh theis meadhon a chinn, agus a mach air an taobh thall. Cheangail i a nèapaicin fèin mu a cheann; shìn i a mach an corp agus e a nis a' ragachadh, agus chòmhdaich i e le a breacan. Agus a' tarruing nan dilleachd-

an bochda ri a taobh, shuidh i sìos, agus ghuil i gu goirt.

Am bu pheacadh dhi gul? Cha b' eadh. Tha cuimhn' agaibh, a chlann, co e a ghuil aig uaigh Lasaruis. Agus nach feud a luchd-leanmhuinn gul, 'n uair tha a' bhuidheann d' an d' thug iad gràdh air an toirt air falbh uatha? Ach cha robh aice bhi ri bròn eadhon mar dhaoineibh eile aig nach 'eil dòchas. Bha fios aice gu 'n d' fhuair a fear-pòsda am bàs, air son focail Dhé. Agus bha fios aice nach tréig Dia am feasd, a h-aon dhiubh-san a tha a' cur an dòchais ann féin. Tha mi a' creidsinn gu 'n tigeadh an gealladh prìseil sin a leugh iad cuideachd 's a' mhaduinn, d' a h-ionnsuidh. “Na nithe so labhair mi ribh, chum gu 'm biodh sìth agaibh annam-sa. Anns an t-saoghal bithidh àmhghar agaibh: ach biodh deadh mhisneach agaibh, thug mise buaidh air an t-saoghal.” Agus an uair a sheall i air a leanabaibh, agus a smuainich i gu 'n robh iad a nis gun athair, agus gu 'n robh i féin a nis 'n a bantraich, chuimhnich i air an earrann, anns an dubhairt Dia;—“Fàg do dhilleachdain, gleidhidh mise beò iad; agus cuireadh do bhantraichean an dòchas annam-sa.”

Sgaoil an naigheachd gu luath air feadh na dùthcha, gu 'n deachaidh Iain Mac-'Ille-Dhuinn a mhortadh le *Clèabhars*. Ann an ùine aithghearr thàinig Daibhidh agus Uilleam *Steel*, dà charaid dìleas a bha tric 'n an companaich do Iain ann am fulangasaibh, do Chnoc-an-t-sagairt;

thàinig iad ann fuidh chunnart am beatha féin. Ghiùlain iad an corp a stigh, nigh iad air falbh an fhuil o a cheann, agus rinn iad gach uidh-eamachadh a bha feumail, chum gu 'm biodh an corp air a chàramh 's an ùir. Ghabh Daibhidh *Steel*, an sin, an Leabhar, am Bìoball teaghlaich a bha aig Iain; agus thòisich e ri aoradh an Tighearn, ann an tigh a' bhròin. Sheinn iad trì rainn anns an t-seachdamh Salm thar fichead, a' tòiseachadh aig a' chùigeamh rann:—

“Oir ni e m' fhelach 'n àm na h-aire,” &c.

Chi sibh gu 'm bheil na rainn so a' tòiseachadh dìreach far an do sguir an t-seinn a bh' aig an teaghlach 's a' mhaduinn; agus O, cia co sòlasach 's a bha na briathran beannaichte, ann an uair na deuchainn' cruidhe ud. Agus leugh iad an seachdamh caibidil deng do 'n t-soisgeul a réir Eoin; agus tha an caibidil sin, mar tha an Salm, làn do chomhfhurtachd mhilis do 'n chreid-mheach a tha air a chlaoidh agus e fuidh bhròn.

Mar thachair do Stephan o shean, ghiùlain daoine diadhaidh Iain Mac-'Ille-Dhuinn chum 'adhlaid. Rinn iad uaigh dha 's an dearbh bhall far an do thuit e marbh; agus 's a' bhall cheudna, gus an là an diugh, tha leac ghlas ag innseadh an ionaid far am bheil duslach Iain Mhic-'Ille-Dhuinn, Chnuic-an-t-sagairt, 'n a luidhe; aon do Fhianuisibh na Fìrinn ann an Eaglais na h-Alba.

Fendaiddh cuid do mo luchd-leughaidh òga bhi a' cur na ceiste so,—Ach cionnus is ann air

*sgàth Chrìosd* a bha Iain Mac-'Ille-Dhuinn mar sud air a chur gu bàs? A nis, a Chàirdean òga, caomha,—oidhirpichidh mi a mhèineachadh dhuibh, cia mar bha so, co soilleir, agus co aithghearr 's a dh' fheudas mi. Tha fios agaibh gu 'm bheil còir aig rìghribh, agus aig breith-eamhnaibh, agus aig luchd-riaghlaidh, a chur an céill do shluagh, cia mar is còir dhoibh iad féin a ghiùlan a thaobh a chéile, agus cò d' am buin an t-airgiod, agus na tighean, agus am fearann, ann an tìr 's am bith fa leth. Ach anns gach tìr far am bheil an Soisgeul air a shearmonachadh, tha Rìoghachd eile, a thuilleadh air an uachdaranachd a bhuineas do 'n Rìgh aimsireil; rioghachd eile, nach 'eil do 'n t-saoghal so. Tha mi a' ciallachadh, Eaglais Chrìosd, a tha air a deanamh suas do na daoineibh, do na mnàibh, agus do 'n òigridh uile, a tha a' cur an dòchais ann an Crìosd mar am Fear-saoraidh féin. A nis, tha Crìosd air cur an céill d' a shluagh féin, anns a' Bhìoball, cia mar is cubhaidh dhoibh-san a bhi a' tighinn beò, chum gu 'm bi iad ullamh air son na sìorruidheachd. Tha Crìosd air innseadh do na ministearibh ciod e is còir dhoibh a dhèanamh, a chum agus gu 'm biodh anama air an tèarnadh; agus cia mar a dh' fheumas iad na h-uile ni a dhèanamh, a bhuineas d' a Eaglais féin air an talamh. Agus tha sibh a' faicinn, ma tha gràdh aig na ministearibh agus aig an t-sluagh do Chrìosd; agus iad a' toirt urraim dha-san, ni iad na nithe so gu léir, air an dòigh a tha am Bìoball ag innseadh dhoibh, ge b' e air

bith a chosdas sin dhoihh, no ge b' e ni a dh' fheudas muinntir eile a dheanamh. Cha 'n ann a réir nan laghanna a nithear le daoineibh, ach a mhàin a réir nan laghanna a tha Crìosd air toirt dhuinn anns a' Bhìoball, a bheirear breth oirnn 's an là dheireannach. O, ma ta, cnimhnicheamaid, a thaobh éisdeachd an t-soisgeil, agus ann an ulluchadh air son a' bhàis agus na sìorruidheachd, gu 'm feum sinn bhì air ar treòrachadh dìreach mar tha focal agus Spiorad Dhé ag innseadh dhuinn, ge b' e a dh' fheudas daoine an t-saoghail so a ràdh 'n a aghaidh.

Anns na h-aimsiribh dorch, fuilteach mu 'm bheil mi ag innseadh dhuibh, bha luchd-riaghlaidh aingidh 's an Tìr so; agus 's e dh' iarr iad, a thoirt air pobull Chrìosd, olc air mhaith leo, gu 'm briseadh iad lagh Chrìosd, agus gu 'n géilleadh iad do 'n Lagh a rinn iad féin, ann an nithibh a bhuineas do ghlòir Chrìosd, agus do shlàinte sìorruidh an anama. Is ann do bhrìgh agus gu 'n do dhiùlt e géilleadh do Lagh dhaoine, chaidh Iain Mac-'Ille-Dhuinn a mhortadh aig dorus a thighe féin; agus a chaidh na ceudan eile do luchd-leanmhuinn an Uain a chur gu bàs ann ar Tìr, gu h-ain-iochdmhor, borb.

Agus is ann air son an dearbh ni cheudna, tha, a nis, a rìs, 's an là an diugh, aig ministearibh dìleas Eaglais na h-Alba bhì a' fulang. Feudaidh gu 'm bheil cuid dhibh-se, a chàirdean òga, fuidh iongantas, c' ar son a b' éigin doibh na h-Eaglaisean fhàgail, far an robh ar n-aithrichean, ar seanairean, agus ar sinn-seanairean a' toirt

aoraidh do Dhia; agus c' ar son a thug iad leo as an Eaglais an cuid Bìoball agus an leabraichean Salm, a bha aca 'n an àitibh suidhe féin 's an Eaglais, ùine co fhad: agus c' ar son nach urrainn do ar ministeiribh dìleas a nis, bhi a' searmonachadh 's na h-Eaglaisibh ud? Tha mi ag iarraidh bhi a' mìneachadh so dhuibh. Is ann, do bhrìgh, ma shearmonaicheas iad a nis anns na h-Eaglaisibh ud, gu 'm feumadh iad a leigeil le breitheamhnaibh agus le luchd-riaghlaidh na Tìre a chur rompa cia mar a riaghlas iad an Eaglais agus na nithe a bhuineas do anamaibh neo-bhàsmhor. O! na 'n dèanadh iad sin, comhairle agus riaghailtean air an deanamh le daoineibh a chur ann an àite lagh agus riaghailtean Chrìosd, agus gu 'm bitheadh anama dhaoine air an call gu sìorruidh, cionnus a fhreagradh iad do Chrìosd aig là mòr a' bhreitheanasais? Cha 'n fheud iad so a dhèanamh;—cha 'n fheud,—ge b' e call no àmhlghar a thig orra air son gu 'n diùlt iad géilleadh do riaghailtibh dhaoine;—cha 'n fheud iad am peacadh mòr sin a dhèanamh. Agus, mar so, feumaidh sinn Eaglaisean ùra a thogail, far am feud ar ministeirean bhi a' searmonachadh an t-soisgeil dhuinn, agus slàinte ar n-anama a shireadh 's an rathad a tha am Bìoball a' cur romhainn, gun luchd-riaghlaidh aimsireil ar Tìre bhi a' cur dragha oirnn, no am breitheamhnaibh, le an riaghailtibh féin.

Agus, mo chàirdean òga, nach fulangas so? Cha 'n 'eil e, gun teagamh 'n a fhulangas co



goirt ris na nithibh a bha aig ministearibh agus aig sluagh Chrìosd r' a fhulang anns na làithibh ud. Ach, gidheadh, nach fulangas so, air sgàth Chrìosd, agus air sgàth na còire sin a tha aige-san, agus aige-san a mhàin, bhi 'n a Rìgh agus 'n a Cheann os ceann na h-Eaglais? 'Se an dearbh ni ceudna e, air son an d' fhuair iad sud am bàs, a bha 'n am fianuisibh do Chrìosd 'n am bàs, agus 'n am beatha.

Nach bu chòir dhuinn gràdh bhi againn do na ministearibh dìleas ud;—agus iad air fàgail an Eaglaisean, agus an tighean còmhnuidh taitneach, a' toirt leotha am mnathan 's an clann bheaga o an dachaidh far an d'rugadh iad:—agus so uile air sgàth Chrìosd, agus air sgàth an t-sluaigh, d' am bheil iad a' toirt gràidh. Agus O, cia mar a thigeadh e dhuinn bhi ri h-ùrnuigh, ge b' e ni a dh' fheudas tighinn,—gu 'm faigheadh na ministearian ud, mar fhuair Pòl, gràs gu bhi 'g an deanamh dìleas do Chrìosd; agus gu 'n tigeadh an Spiorad Naomh a nuas, 'n uair a shearmonaichear an Soisgeul leo, anns gach cèarna an Alba; a chum gu 'm bitheadh dùsgadh mòr anns gach aon Sgìreachd, agus anns gach coimhthional, agus gu 'm bitheadh glòir aig Dia, ann an anamaibh bhi air an iompachadh agus air an ath-ghineamhuinn.

A leughadair òig, chaoimh,—am bheil Crìosd prìseil dhuitse? Am bheil thu 'g a ghràdhachadh, air dhòigh agus gu 'm biodh tu toileach, mar bha na ministearian dìleas ud, na h-uile ni fhàgail,—cùl a chur riatha gu léir, agus Crìosd

a leantuinn? O, feuch gu 'm bheil thu a leantuinn an Uain, ge b' e taobh a théid e. Cuimhnich an nì a thubhairt e ris an dà fhear dheug,—  
“ An ti nach glac a chrann-ceusaidh, agus nach lean mise, cha 'n airidh orm e.”

































28















